

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 7 | 2015 | AN T-IUCHAR

## Facal Toisich

Bha aon chuspair air beulaibh an Ard-sheanaidh am bliadhna a bhios tric a' tighinn fa chomhair buill na h-eaglais – gainne nam ministearan air feadh na dùthcha. Aig aon àm bhiodh e air a ràdh gu robh ceud coitheanal ann an Eaglais na h-Alba a bha bàn aig uair sam bith. Bha sin a' tachairt agus ministearan a' gluasad no a' leigeil dhiùbh uallach coitheanail. Ach an-diugh tha mòran a bharrachd de sgìrean gun mhinistear agus tha cuid dhiùbh sin air a bhith bliadhnachan anns an t-suidheachadh sin.

Tha Eaglais na h-Alba air ministearan a chall a chaidh a-steach don Eaglais Shaoir, agus thachair sin gu sònraichte air Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Nuair a bha am Fear-deasachaidh anns a' cholaiste bha mòran de na h-oileanaich a bha anns an aon bhliadhna ris air tighinn dìreach às an sgoil. Bhiodh sùil gum faigheadh an eaglais dà fhichead bliadhna de mhinistearachd on na h-oileanaich sin. Ach nar latha-ne tha mòran de na ministearan air a bhith ann an dreuchdan eile mun cuala iad guth Dhè gan gairm chun na ministearachd. Tha na bliadhnachan a bha iad an sàs ann an obair eile gan ullachadh airson a bhith 'nam ministearan, ach 's dòcha nach bi iad ach fichead bliadhna os cionn coitheanail nuair a dh'fheumas iad an t-uallach a leigeil dhiùbh. Chan eil cho fada bhuaithe agus bha sùil gum biodh ministear a' dol air chluainidh nuair a bha e trì fichead agus còig, ach an-diugh tha cead aca cumail air adhart gus am bi iad trì fichead agus còig deug.

Tha Eaglais na h-Alba a' dèanamh oidhirp shònraichte airson ministearan ùra a lorg. Tha sinn an dòchas gun soirbhich leis an sgeama seo. Le gainne mhinistearan bidh coitheanalan gan cur còmhla, ach tha sin a' cur barrachd uallaich air aodhaire a tha ag obair ann an sgìr a tha farsaing agus grunn eaglaisean aige ri fhrithealadh.

Feumaidh sinn a bhith ag ùrnaigh gun cuir Tighearna an fhogharaidh tuilleadh luchd-obrach a shaothrachadh 'na fhìon-lios.

**Leis gach beannachd,  
Ruairidh MacLeòid.**



**Chan eil an eaglais seo ann an Inbhir Moireasdain an-diugh air a cleachdadh mar thaigh-adhraidh, agus ged a tha coltach glè shean air an togalach, 's ann eadar 1911 agus 1913 a chaidh a cur suas. Bha seann eaglais air an làraich, agus thug Harriet Moireasdan airgead seachad airson an eaglais a thogail mar chuimhneachan air a fear-pòsda. Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo nuair a bha e air chuairt anns na ceàrnaidhean sin. Tha baile Inbhir Moireasdain a-nis ann an sgìr Urchardain agus Ghleann Moireasdain.**

## Cùil nan Ceist

Anns a' Chèitean chaidh riaghaltas ùr a thaghadh ann am Breatann. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu dhaoine a bhith a' dèanamh taghaidh ri linn a' Bhìobail. Tha freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a dh'iarr air Iosua daoine a thaghadh a dhèanadh cogadh ri Amalec? (Ecsodus, caibideil 17.)
2. Lìon a' bheàrn – "Ach is \_\_\_\_\_ taghte sibhse". (1 Peadar, caibideil 2.)
3. Cò a roghnaich Dia mar ionmhas sònraichte? (Salm 135)
4. Dè a tha a' toirt barr air òr taghte? (Gnàth-fhacail, caibideil 8.)

# Searmon Gàidhlig an Ard-sheanaidh – 1

**Air Didòmhnaich an Ard-sheanaidh bha am Moderàtor, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, os cionn na seirbheis Ghàidhlig ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann. Anns na mìosan air thoiseach bidh sinn a' foillseachadh an t-searmoin a thug e seachad.**

**Na leughaidhean: Salm 72:1-8; Ephesianaich 1:15-23.**

Tha sgeulachd air aithris mun fhoillsichear phàipearan-naidheachd nach maireann, Uilleam Randolph Hearst. Tha e coltach gun do rinn Hearst fortan mòr dha fhèin le bhith a' cruinneachadh obair ealain ann an taigh-tasgaidh mòr. Aon latha leugh e mu dhèidhinn pìos ealain a bha air leth luachmhor. Rùnaich e gum faigheadh e seilbh air agus chuir e an riochdaire aige air falbh gus lorg fhaighinn air. Chaidh na mìosan seachad mus d'fhuair e fios bhon riochdaire gu robh e mu dheireadh air a lorg. Nuair a dh'fhaighnich Hearst dha càit an robh e, chaidh innse dha gun deach a lorg anns an taigh-tasgaidh aig Hearst fhèin. Bha e air a cheannach bliadhnaichean roimhe sin.

Ann an iomadach dòigh tha sin mar chosmhalachd de na tha Pòl a' sgrìobhadh anns a' cheud chaibideil den litir aige chun na h-eaglais ann an Ephesus. Tha e a' tòiseachadh le bhith a' toirt taing do Dhia airson a h-uile beannachd a dhòirt E air an eaglais – beannachdan cho beairteach agus cho làn agus nach robh feum air a dhol an tòir air an tuilleadh. Is e an fhìrinn a tha Pòl ag aithris gu bheil seilbh againn ann an doimhneachd mar-thà air gach nì air a bheil feum againn – ann an Crìosd.

Is e seo co-theacsa na h-ùrnaigh a chuala sinn ga leughadh – an ùrnaigh shaoibhir an rinn an t-abstol Pòl do Dhia as leth na h-eaglais seo. Mar a leughas sinn agus a bheachdaicheas sinn air an ùrnaigh iongantach seo, fàsaidh e soilleir gu bheileas ga toirt seachad mar phàtran no mar shamhail dhuinn airson a leantainn mar a tha sinne air ar gairm gu bhith ag ùrnaigh airson a chèile taobh a-staigh co-chomann eaglais Chrìosd. Tha sinn dualtach,

tha mi a' smaointinn, gun a bhith a' cur gu leòr luach air an àite agus air an t-sochair – gun a bhith a' toirt a-steach a' chumhachd – a tha aig ùrnaigh taobh a-staigh an teaghaich mhòir a tha anns an eaglais. Agus a dh'aindeoin sin gu dearbh cha mhòr nach eil e fìor a ràdh gur e an t-seirbheis as fheàrr a bheir sinn seachad dha chèile a bhith ag ùrnaigh airson a chèile ri ar n-Athair air nèamh aig a bheil gràdh don chloinn aige gu h-iomlan. An seo, tha Pòl a' toirt dhuinn gach cuid eisimpleir agus pàtran ri leantainn agus sinn ag èisteachd ris na h-ùrnaighean dùrachdach aige fhèin airson a charaidean Crìosdail.

Ciamar a-rèisde a bhios Pòl ag ùrnaigh airson na h-eaglais? Bheir e taing do Dhia air an son agus airson a h-uile nì a tha Dia air a dhèanamh airson na h-eaglais ann an Ephesus. Tha dà rud shònraichte a tha Pòl air a chluinntinn mun dèidhinn agus a bhrosnaich e gus a bhith a' toirt molaidh do Dhia. Tha Pòl air cluinntinn mun chreideamh aca – mar a tha iad a' creidsinn anns an Tighearna Iosa Crìosd – agus tha e air cluinntinn mun ghràdh aca – an gràdh aca do na naoimh air fad.

Mar sin tha sinn a' faicinn Phòil, an toiseach a' toirt molaidh do Dhia gu bheil na creidmhean sin ann an Ephesus air an earbsa airson tèarnaidh a chur ann an Iosa. Chan e dìreach creideamh sam bith a tha anns a' chreideamh aca, ach creideamh ann an Neach a bha beò agus a bhàsaich agus a dh'èirich bho na mairbh air an son. Chaidh an tèarnadh le a ghràs-san agus chan ann le an comasan fhèin. Dhaibh-san bha uail aca ann an Crìosd a-mhàin. Agus bha sin – agus tha fhathast – 'na adhbhar airson taing a thoirt do Dhia. Oir chan ann idir mu dè a dh'fheumas sinn a dhèanamh airson fàbhar Dhè a chosnadh a tha an creideamh Crìosdail; 's ann a tha e mu dhèidhinn na rinn Dia ann an Crìosd air ar son mar pheacaich bhochda agus mar as urrainn dhuinn gu sàbhailte, le lànachd ar cridhe, ar làn earbsa a chur annsan. Bha fios aig na Crìosdaidhean sin o thùs nach biodh e idir furasta Crìosd a leantainn gu dìleas, ach ge bith dè a bhiodh mar chrannchar 'nam beatha, gum biodh an Crìosd beò rin taobh an-còmhnaidh.

Agus an uairsin Pòl a' toirt taing airson a' ghràidh a nochd iad da chèile, an gràdh trom feum creideamh a bhith ag obair an-

## Leabhraichean

Tha fios nach e nì furasda a tha ann ceud neach ann an eachdraidh Alba a bhios sinn a' meas mar ghaisgich no mar bhana-ghaisgich. Tha an leabhar seo a' tòiseachadh ann an linn nan Ròmanach agus gar toirt a dh'ionnsaigh an latha an-diugh.

Tha iomradh againn air cuid de na h-Albannaich ris am biodh sùil againn anns an leabhar fheumail seo, leithid Uilleam Wallace, Alasdair Fleming agus eile. Tha feadhainn eile ann nach eil an ainmean air bilean an t-sluaigh – a' bhana-mhorair Cosgrove, a' cheud Ban-Albannach a bha 'na britheamh agus Iseabal Elder, a rinn mòran as leth foghlaim ann an Glaschu.

Tha Gàidheil am measg nan ceud ainm a tha againn anns an leabhar seo. Tha àite ann do dh'Fhionnghal Dhòmhnallach, a chuidich am Prionnsa Teàrlach nuair a bha e fon choill. Tha pìos ann mu Dhaibhidh MacDhùn-lèibhe, a dh'fhàg làrach cho domhainn air

### Great Scottish Heroes

Stuart Pearson

(£7.99. Air foillseachadh le John Blake Publishing)

eachdraidh Africa, agus Lachlainn MacGuaire, a rugadh ann an eilean Ulbha agus a choisinn cliù ann an Astràilia.

Tha grunn luchd-eaglais anns an leabhar, ged a bhiodh dùil againn ri barrachd dhiubh fhaicinn. Tha iomradh againn air Iain Knox, mar a bhiodh dùil, agus mar a thubhairt sinn a-cheana, Daibhidh MacDhùn-lèibhe. Ach saoilidh mi gum biodh ministearan leithid Tòmas Chalmers agus Caraid nan Gàidheal – agus iar-ogha dha, Seòras MacLeòid, airidh air a bhith air am meas mar ghaisgich.

Bhiodh e math leabhar mar seo fhaicinn le ceud Gàidheal agus bana-Ghàidheal a bha gaisgeil 'nan latha fhèin, ann an liteachas, ann an strì an fhearainn, ann an cogaidhean na ficheadamh linn, agus ann a bhith a' seasamh còraichean na coimhearsnachd aca fhèin. Agus bhiodh e inntinneach cuideachd leabhar fhaicinn le ceud de na fir agus na mnathan a chòmhrag deagh chòmhrag a' chreidimh ann an eaglaisean na h-Alba.

còmhnaidh. Bidh gràdh an-còmhnaidh mar thoradh air fìor chreideamh agus tha Pòl taingeil gu bheil an cuid gràidh “airson nan uile naomh”. ’S e na faclan sònraichte an seo, “na h-uile”. Bha gràdh aca don co-Chrìosdaidhean air fad. Ro-thric anns an eaglais bidh sinn a’ lorg dhòighean gus a bhith gar sgaradh fhìn bhon fheadhainn ris nach eil sinn cofhurtail no an fheadhainn a tha duilich dhuinn an gràdhachadh. Ach ma tha gràdh againn do Chrìosd, bu chòir dhuinn cuideachd an eaglais a tha Esan a’ gràdhachadh a ghràdhachadh le gaol neo-thuisleach, leis a h-uile lochd is easbhaidh a tha anns an eaglais. As aonais a leithid sin de ghràdh, tuitidh a h-uile càil ann am beagan ùine gu eas-òrdagh agus neoni. Rinn neach-ealain aon uair dealbh a bha a’ sealltainn grunn dhaoine air an robh coltas mì-thoilichte, ’nan suidhe timcheall bùird airson biadh a ghabhail. Bha spàin le làimh fhada aig gach neach a bha a’ ciallachadh gu robh e eucomasach iad fhèin a bhiathadh – cha b’urrainn dhaibh ach a chèile a bhithadh. Ach cha robh duine dhiùbh deònach sin a dhèanamh. B’e an tiotal a thug an neach-ealain air an dealbh “Ifrinn”.

Air an làimh eile, anns an eaglais ann an Ephesus thug iad biadh dha chèile, ghabh iad cùram dha chèile agus bha iad foighidneach mu fhàilneachadh agus easbhaidhean a chèile. Nochd iad dè a bha e a’ ciallachadh a bhith a’ leantainn slighe losa a thug an stiùir seo don luchd-leanmhainn aige air fad: “Aithne nuadh tha mi a’ toirt dhuibh. Mar a ghràdhaich mise sibh, gun gràdhaich sibh fhèin a chèile mar an ceudna. Le seo aithnichidh na h-uile dhaoine gur sibh mo dheisciobail-sa, ma bhios gràdh agaibh fhèin da chèile.” ’S e aon de na dùbhlana as motha a tha fa chomhair na h-eaglais an-diugh, mar a bha aig gach àm eile ann an eachdraidh, a bhith a’ toirt fìor ùmhlachd don àithne sin. An dùil a bheil sinne, uair sam bith a chì sinn fianais de chreideamh ann an Crìosd agus gràdh dha cuid eile ann am beatha mun daoine mun cuairt oirnn, coltach ri Pòl ann a bhith a’ toirt na chì sinn gu Dia le moladh aoibhneil agus taingealachd? Tha a’ dèanamh sin ’na chomharradh gu bheil sinn fhìn a’ fàs ann an creideamh agus ann an gràdh.

**(Ra leantainn)**



Am measg nam ministearan Gàidhealach a bha an-làthair aig Ard-sheanadh na bliadhna seo bha an t-Urr. Iain Moireach, a tha air ùr-phosadh ri coitheanal Chille Mhoire agus Stèiseil anns an Eilean Sgitheanach.

Air Dimàirt an Ard-sheanaidh chaidh gabhail ri iarrtas o Mhgr. Moireach gum bu chòir cùl-taic a thoirt do ministearan a bhios a’ tadhal air sgoiltean Gàidhlig. Bhiodh sin a’ gabhail a-steach a bhith gan cuideachadh le fileantachd anns a’ chànan agus a bhith ag ullachadh ghoireasan teagaisg ann an Gàidhlig.

## Seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh

Bha seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh eadar-dhealaichte am bliadhna ann an dòigh no dhà. Mar as àbhaist, bha i air a cumail ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann, far a bheil seirbheis Ghàidhlig a h-uile Sàbaid. Bha còisir Ghàidhlig Lodainn a’ seinn, mar a rinn iad bho chionn grunn bhliadhnachan a-nis agus an dèidh na seirbheis bha biadh agus co-chomann.

Ach am bliadhna bha Moderàtor le Gàidhlig os cionn an adhradh, rud nach do thachair o 1969, nuair a bha an t-Oll. Urr. Tòmas M. MacCalmain ann an cathair an Ard-sheanaidh. Cuideachd bha e math Gàidheil òga, Màiri Nic Rath agus Pàdraig Moireasdan, a chluinntinn a’ leughadh nan Sgrìobtar. Aig aon àm bhiodh am BBC a’ craobh-sgaoileadh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh. Ach tha bliadhnachan bho sguir sin. Am bliadhna bha an t-seirbheis air an ràdio, aig trì uairean feasgar agus a-rithist aig leth-uair an dèidh ochd. Bha Iain MacLeòid a’ togail an fhuinn.

## Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a’ mhìos seo: “Molaidh mise Thu gu siorraidh.” Tha na faclan sin ann an Leabhar nan Salm, an darna salm deug

thar an dà fhichead, aig an naodhamh rann. (Salm 52:9.) Tha faclan mar sin tric anns na sailm. Bha an salmadair ag iarraidh a bhith a’ moladh Dhè aig a h-uile àm. Tha e furasta spiorad a’ mholaidh a bhith againn nuair a tha a’ ghrian a’ deàrrsadh. Chan eil e cho furasta a bhith a’ moladh nuair a tha rudan a’ dol nar n-aghaidh. Ach bha Daibhidh a’ moladh Dhè a h-uile latha, làithean soilleir agus làithean dorcha. Gach latha tha adhbhar againn uile airson a bhith a’ moladh an Tighearna.



Ann an Earra Ghàidheal chì sinn beathaichean nach eil againn anns na h-Eileanan an Iar. Chì sinn taghan air cùl an taighe o àm gu àm.

Chan fhaca mi riamh taghan anns na h-eileanan. Bidh an taghan againne a’ tadhal air an oidhche. Bidh e a’ goid an t-sìl a bhios sinn a’ fàgail aig na h-eòin. Ach bidh teaghlach aig an taghan a dh’fheumas e a bheathachadh. Mar sin chan eil sinn duilich gum bi e a’ faighinn bìdh a dh’fhàg sinn aig na h-eòin. ’S e beathach brèagha a tha anns an taghan. Ach tha cleachdaidhean aige nach eil cho brèagha. Feumaidh daoine aig a bheil cearcan an cumail glaiste air an oidhche air eagal gum faigh an taghan thuca.



Seanfhacal airson a’ mhìos seo: “Is tric a bha gaoid ann an ubhal bòidheach.” (Often has a flaw been in a fair apple.) Bidh sin a’

tachairt. Chì sinn ubhal, no rud-eigin eile, a tha a’ coimhead brèagha on taobh a-muigh. Ach nuair a ghearras sinn e, cha eil e cho fallainn ’na bhroinn. Bha losa a’ faicinn dè a bha air an taobh a-muigh. Ach chitheadh E cuideachd dè a bha air an taobh a-steach, dè a bha anns a’ chridhe. Bha E a’ tuigsinn nam fàilingidhean a bha aig daoine. Bha E a’ cronachadh nan rudan a bha ceàrr. Thug E mathanas do dhaoine agus bha E airson na rudan millteach a chur ceart.



Dè an luach a tha ann an duine? Dè an cosnadh air a bheil neach-obrach airidh? Chuala mi mu chluicheadair ball-

coise a dhiùlt ceud mìle not anns an t-seachdain a ghabhail mar thuarasdal. Cha robh sin gu lèor dha. Tha daoine air feadh na dùthcha agus air feadh an t-saoghail a tha a’ dèanamh deagh obair air cosnadh glè isal. Ann an dùthchannan bochda an t-saoghail dhèanadh tu mòran le ceud mìle not. Thogadh tu iomadh sgoil. Cheannaicheadh tu biadh a bheathaichean na mìltean de dhaoine. Ann an dùthchannan ann an Africa nì beagan airgid obair mhòr.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### RANN

Stiùir sinn, Athair nèamhaidh, stiùir sinn  
Thar muir bhuairt' an t-saogh'l nach fiù;  
Beathaich, treòraich, dìon, is glèidh sinn;  
Chan eil còmhnaidh ann ach Thù;  
Ach a' mealtainn gach aon bheannachd,  
Ma tha Dia 'na Athair dhuinn.

'S e an t-Oll. Urr. Raibeart Blàrach (1837-1907) a dh'eadar-theangaich an laoidh, *Lead us, heavenly Father, lead us*, aig Seumas Edmeston. Rugadh am Blàrach ann an Dùn Omhain agus thogadh e ann an Ile. Bha e 'na mhinistear air Tairbeart Loch Fin, ann an Eaglais Chalum Chille ann an Glaschu, ann an Camas nan Long agus ann an Dùn Eideann. 'S ann às an leabhar laoidhean aig Eaglais Chalum Chille ann an Glaschu a thog sinn an rann seo. Tha an neach aig an robh an leth-bhrec a tha aig an Fhear-dheasachaidh air an sreath mu dheireadh a "cheartachadh" mar seo: *Oir tha Dia 'na Athair dlùth*. (Cha do thuig an duine a dh'atharraich na faclan gum biodh *dhuinn* air fhuaimneachadh mar *dhùinn* ann an cuid de cheàrnaidhean.)

### GÀIDHLIG AIG AN ARD-SHEANADH

A bharrachd air an t-seirbheis Ghàidhlig chualas cànan nan Gàidheal ga cleachdadh aig coinneamh àbhaisteach den Ard-sheanadh. Madainn Dhimàirt leugh an t-Urr. Murchadh Mac a' Ghobhainn na Sgrìobtaran ann an Gàidhlig (*Ephesianaich* 2:11-22) agus sheinn Còisir Ghàidhlig Lodainn *Athchuinge*.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig. 1. Maois. 2. —ginealach— 3. Israel. 4. Eòlas.

### MOLADH NAN DUILLEAG!

Nuair a bha buill an Ard-sheanaidh a' beachdachadh air na tha fainear do *Life and Work* bhruidhinn an t-Urr. Iain Moireach mu cho feumail agus a tha *Na Duilleagan Gàidhlig*. Thubhairt e gum bi *Na Duilleagan* air an leughadh le daoine taobh a-muigh na h-eaglais, gu h-àraidh luchd-ionnsachaidh.

### CRIDHE AGUS ANAM

Aig àm an Ard-sheanaidh tha an tachartas "Heart and Soul" a' cleachdadh dhòighean ùra air an Soisgeul a chur an cèill agus ag innse mu obair na h-Eaglais. Bha Colaisde Dhiadhachd na Gàidhealtachd a' gabhail compàirt anns an iomairt seo.

### SEARMOINEAN MHICCUAIG

Thàinig cuid de na searmoinean Gàidhlig aig an Urr. Gilleasbaig MacCuaig (1789-1865) a-mach ann an leabhar ann an 1916 agus chaidh an clò-bhualadh as-ùr ann an 1946. Bhuineadh esan

do dh'eilean Arainn agus bha e 'na mhinistear ann an Gallaibh, ann an Inbhir Nis agus mu dheireadh ann an Deimhidh. A-nis tha an Eaglais Shaor Chlèireach air na searmoinean eadar-dhealachadh gu Beurla. Bheir seo blasad do luchd-leughaidh aig nach eil Gàidhlig air cò ris a bha searmonachadh MhicCuaig coltach.

### TIODHLACAN

Air Disathairne an Ard-sheanaidh thugadh leth-bhrec den Bhìoball mar thìodhlac don Mhoderàtor, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, le Comann a' Bhìobail. Tha an Comann ag obair air na soisgeulan eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus thugadh innleachd don Mhoderàtor le cuid den eadar-theangachadh.

### ADHBHAR GAIRE

Bha ministear anns an t-seann aimsir nach dèanadh a' chùis gun an searmon a bhith sgrìobhte air a bheulaibh. A' mhadainn Sàbaid a bha seo ràinig e an eaglais agus bha e air na pàipearan fhàgail às a dhèidh. Bha am mansa pìos on eaglais agus dh'ainmich e gun seinneadh iad an naodhamh salm deug thar a' cheud – an salm as fhaide anns a' Bhìoball – agus dh'iarr e air fear-togail an fhuinn cumail air adhart agus an tilleadh esan.

## Urnaigh

A Dhè thròcairich,  
tha sinn a' dlùthachadh riut,  
mothachail air iomadh laigse  
agus fàilingeadh.

Ach ann an Iosa Crìosd  
tha Thusa a' nochdadh dhuinn  
gun toir Thusa mathanas gu pail.  
Gum biodh sin gar misneachadh  
gu bhith a' tighinn dlùth dhut.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Seo Taigh Spònaidh ann an Uibhist a Tuath,  
a chaidh a thogail leis a' Mhorair Dòmhnallach  
do bhàillidh na h-oighreachd, Ailean Camshron  
ann an 1803, mar a bha e a' coimhead ceud bliadhna air ais.  
'S i nighean a' Chamshronaich  
a bu mhàthair do mhinistear cho ainmeil  
agus a bha ann an Eaglais na h-Alba  
anns an naodhamh linn deug,  
an t-Urr. Seumas Camshron Lees.  
Ann an 1896 thugadh cuireadh dha  
a bhith 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh,  
ach dhiùlt e an dreuchd a ghabhail.